

Brath-ullachaidh do Chomataidh Com-pàirteachadh Shaoranach agus nan Athchuingean Poblach air athchuinge [PE1922](#): Cuir às do chaiteachas uile nan Ùghdarrasan Ionadail air leudachadh Gàidhlig, air a chur a-steach le Douglas Capon

Sealladh aithghearr air ceistean gan togail san athchuinge

Is e tiotal fada [Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#):

“Achd le Pàrlamaid na h-Alba gus buidheann a chur air bhonn le dleastanasan a ghabhas cur an gnìomh gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba, dham bheilear a’ gabhail aon spèis ris a’ Bheurla, a’ gabhail a-steach deasachadh plana nàiseanta Gàidhlig, ag iarraidh air cuid de dh’ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig ullachadh is fhoillseachadh ceangailte ri cleachdadhan dleastanasan aca agus an leithid de phlanaichean a ghleidheadh is a thoirt gu buil, agus stiùireadh a thoirt mu fhoghlam Gàidhlig.”

Chuir Achd 2005 Bòrd na Gàidhlig air bhonn agus rinn e ullachadh gum biodh de chumhachd aig a’ Bhòrd iarraidh air buidhnean poblach, ùghdarrasan ionadail nam measg, planaichean Gàidhlig ullachadh, fhoillseachadh agus a thoirt gu buil.

Tha Achd 2005 ag iarraidh air a’ Bhòrd plana Nàiseanta Gàidhlig a chur ri chèile, a h-uile còig bliadhna mar as trice. [Tha am Bòrd ag ràdh mu phlana 2018-2023](#):

“Is e adhbhar bunaiteach a’ Phlana seo, daoine a bhrosnachadh agus a chur air chomas dhaibh Gàidhlig a chleachdadhe nas trice agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean. Tha na brathan, na h-amasan, na tàbhachdan bunaiteach agus na geallaidean ùra am broinn a’ Phlana uile a’ cuideachadh gus an cleachdadhe a bharrachd seo den Ghàidhlig a thoirt gu buil. Air thoisearch nam measg seo tha an fheadhainn a leanas:

- Buinidh Gàidhlig ri Alba gu lèir
- A’ sgaoileadh iomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig
- A’ leudachadh ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- A’ leudachadh cleachdadhe na Gàidhlig.”

Nochd [Cunntas-sluaign 2011](#) “gun tuit beagan a bharrachd air 57,000 neach gum b’ urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn”. Thuirt 87,000 neach uile-gu-lèir gun robh sgilean Gàidhlig air choreigin aca. Bha seo mar 1.7% den t-sluagh os cionn trì bliadhna a dh’aois. Bha caochlaideachd fharsaing anns na h-àireamhan a nochd sgilean air choreigin air feadh na h-Alba. Sna h-Eileanan Siar bha e aig 61.2%, air a’ Ghàidhealtachd bha e aig 7.4% agus ann an Earra-Ghàidheal is Bòd bha e aig 5.9%. Sna raointean eile aig na h-ùghdarrasan ionadail uile, bha an àireamh fo 2%.

Àite nan ùghdarrasan ionadail

Tha [làrach-lìn a’ Bhùird ag ainmeachadh 26 ùghdarrasan ionadail](#) le Planaichean Gàidhlig air an aontachadh, cho math ri buidhnean poblach eile.

Tha buidseat Riaghaltas na h-Alba a’ nochdadhe a chuid maoineachaidh mar thaic ris a’ Ghàidhlig. Tha seo a’ gabhail a-steach caochladh shreathan mar thaic ri foghlam Gàidhlig: £4.48 millean de thabhartasan gu 27 ùghdarrasan ionadail uile-gu-lèir, agus £3 millean de chalpa agus £1 mhillean de mhaoineachadh ghoireasan gus foghlam Gàidhlig a leudachadh. Tha buidseat Riaghaltas na h-Alba cuideachd a’ gabhail a-steach £5.1 millean gus am Bòrd a mhaoineachadh cho math ri mu £15.9 millean de mhaoineachadh air gnìomhan eile a’ cur taic ris a’ Ghàidhlig.

Tha an athchuinge a’ sealltainn air a’ chaiteachas le ùghdarrasan ionadail air a’ chànan. Faodaidh ùghdarrasan ionadail caochladh thùsan maoineachadh a chleachdadhe gus taic a chur ris a’

Gàidhlig. Chan eil fiosrachadh nàiseanta air ionmhas Riaghaltas Ionadail a' briseadh sìos a' chaiteachais air a leithid de ghnìomhan leotha fhèin, mar eisimpleir, tha aithisg air caiteachas air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ga h-innse mar chuid den chaiteachas air foghlam.

Foghlam

Is i a' Ghàidhlig aonan den dà chuspair shònraichte a tha gan dìon ann an reachdas ann am foghlam (is e teagasg-creideimh am fear eile). Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 a' sònraichadh gu bheil foghlam-sgoile a' ciallachadh (am measg rudan eile) 'teagasg na Gàidhlig ann an àiteachan far a bheilear a' bruidhinn Gàidhlig'.

Chruthaich Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 dleastanas air ùghdarrasan ionadail Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a chur air adhart agus a chuideachadh. Stèidhich Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 modh-obrach far am faod pàrantan Foghlam Gàidhlig Bun-sgoile iarraidh air an ùghdarris ionadail aca.

Leasachaidhean a thaobh poileasaидh

Tha am Bòrd ag obair an-dràsta air Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023 gu 2028.

Cuideachd, tha e san amharc aig Riaghaltas na h-Alba bile chànan a thoirt a-steach anns an t-seisean phàrlamaideach seo. Thuirt [Prògram Riaghlaidh 2021](#):

"Tha Riaghaltas na h-Alba an geall air cur ris na h-àireamhan a' cleachdadadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig, agus cumaidh sinn oirnn a' cur ar taice ri foghlam, ealainean is craoladh Gàidhlig. Bheir sinn a-steach Bile Cànanan na h-Alba ri linn na Pàrlamaid agus gabhaidh sinn ceuman a bharrachd gus taic a chur ri cleachdadadh Gàidhlig agus Albais. Nì sinn rannsachadh cuideachd air Gàidhealtachd aithnichte a chruthachadh, ath-bhreithneachadh air feuman is structaran Bòrd na Gàidhlig gus a dhèanamh cinnteach gu bheil buidheann-ceannais èifeachdach aig Alba, agus dòigh-dèiligidh ro-innleachdail ùr a chruthachadh mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a spreagas cruthachadh Bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean Gàidhlig ùra." (td45)

Buidhnean Bunaiteach agus ceanglaichean buntainneach

Riaghaltas na h-Alba

Bòrd na Gàidhlig

COSLA

Ned Sharratt
Àrd-rannsache
17/01/2022

Is e as adhbhar ris a' bhrath-ullachaidh seo sealladh farsaing aithghearr a thoirt air ceistean gan togail san athchuinge. Chan urrainn do luchd-rannsachaidh SPICe susbaint brathan-ullachaidh athchuingean a dheasbad le luchd-athchuinge no leis a' phoball. Ma tha beachdan agad, ge-tà, air brath-ullachaidh athchuinge sam bith, faodaidh tu post-dealain a chur thugainn aig spice@parliament.scot

Thatnar a' dèanamh gach oidhrip gus a dhèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh ann am brath-ullachaidh athchuingean ceart aig àm foillseachaidh. Bu chòir gum biodh luchd-leughaidh mothachail, ge-tà, gur mathaid nach tèid na brathan-ullachaidh seo ùrachadh no atharrachadh ann an dòigh sam bith eile gus atharrachaidhean an dèidh làimhe a nochdad.

Air fhoillseachadh le Ionad-fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba (SPICe), oifis le Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann, EH99 1SP